

## Bòrd MG ALBA

Oifisean Stòras Uibhist

Dimàirt 13 Sultain 2016, 0900-1230

### Dreachd geàrr-chunntas

<b>Bòrd:</b>	Magaidh Choineagan (sa Chathair)	Jo NicDhòmhnaill
	Dùghall MacAmhlaigh	Donald MacAmhlaidh
	Daibhidh Brew	Iain Stephen Moireasdan
	Catriona Nic a' Phì (airson pàirt den choinneamh)	Màiri Kidd

**Luchd-obrach:** Dòmhnull Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaид & Co-bhanntachdan)  
Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)  
Chris Dòmhnullach (Stiùiriche Obrachaidh)  
Mairead Chamshron (Deasaiche Seanail)  
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis)

### Gnothaichean a' Bhùird

#### 1 Buill a-mhàin

Chaidh còmhradh a chumail le Buill a' Bhùird agus an t-Àrd-Oifigear.

### Gnothaichean gnàthach

#### 2 Leisgeulan

Calum MacFhearghais.

**3 Gnothach Dearbhte**

Bha gnothach dearbhte Calum MacFheargais co-cheangailte ri cùmhnant preantasachd a' BhBC air a chomharrachadh sna pàipearan. Dheigheadh daingneachadh sgrìobhte fhaighinn gu robhas a' seachnadh dùblachadh ann am pàigheadh an dà chuid bho MG ALBA agus bhon BhBC.

**4 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 26/5/16**

Aontaichte.

**5 Gnothaichean ag èirigh**

Thèid ceistean fèin-mheasaidh a chuaireachadh air buill. (MAMI)

**6 Aithris bhon Cathraiche**

Thug an Cathraiche iomradh air cùisean a thaobh Cairt Rioghail a' BhBC, maoineachadh na buidhne, iomairt phoblach coiteachaidh agus an taic agus a' chomhairle a bhathas a' faighinn agus a bha a dhìth bhon taobh a-muigh. Chaidh aithneachadh gun do rinnear obair agus adhartas ann a bhith a' toirt buaidh air beachdan luchd-poilitigs agus na meadhanan anns na mìosan a chaidh ach gu robh faireachdainn ann gun deach an obair a thòiseachadh aig ìre anmoch.

Chaidh bruidhinn mu dheidhinn dùblain a bha mu choinneimh na Gàidhlig gu nàiseanta a thaobh ìomhaigh agus seasamh agus an obair mhòir a bha ri choileanadh ma bha suim ionchaidh ga thoirt do chraoladh Gàidhlig agus do leasachadh Gàidhlig aig ìre nàiseanta.

Bhruidhinn an Cathraiche mu choinneamhan le luchd-poilitigs agus leis an Iarr Phrìomh Mhiniestar agus a' choinneamh a chum an Stiùiriche Ionmhais le Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhais. Chaidh togail leis an dithis gu robh MG ALBA a' sireadh cinnt mun bhun-bhudseat a bha an-dràsta a' seasamh aig £11.8m le £1m a bharrachd ga bhualeachadh gach bliadhna agus gum biodh MG ALBA airson a dhaingneachadh mar bhun-bhudseat de £12.8m . Chaidh innse gu robh na ministearan tuigseach ach nach b' urrainn gealladh a thoirt seachad an-dràsta.

Chaidh bruidhinn mun taic a bhathas a' faighinn bhon taobh a-muigh a thaobh conaltradh agus an riatanas coimhead às ùr air cùmhnantan nuair a thig iad gu crìoch.

**7 Aithris bho Chathraiche Chomataidh Inbhean**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun choinneamh air 24/8/16.

**8 Aithris bho Chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun choinneamh air 24/8/16.

**9 Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha aithisg air beulaibh bhall a' toirt sealladh air suidheachadh na buidhne agus a cuid luchd-obrach agus a' mìneachadh adhartas air prìomhachasan na buidhne. Chaighdhan aithisg a chomharrachadh.

Chaidh iomradh a thoirt air Creideas nas Cosnaichean (Investors in People). Thèid fios a chumail ris a' Bhòrd agus thèid an aithisg a sgaoileadh nuair a bhios e deiseil. (Gníomh: DC)

Thug an Stiùiriche Obrachaiddh iomradh air a' phròiseact a bhith a' gluasad bho theip gu faidhle air no ro 31 Màrt 2018. Tha sgioba phròiseict le luchd-obrach bho MG ALBA agus BBC Scotland air a stèidheachadh agus tha cùisean a' gluasad air adhart gu soirbheachail gu ruige seo. A thaobh tasglann fad-ùine, chaighdhan moladh buidheann a stèidheachadh gus molaidhean a chuir air adhart. (Gníomh: DC)

**10 Ìrean coileantachd Lèirsinn 2021**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an adhartais le na 6 amasan agus toraidhean a chaighdhan comharrachadh ann an Lèirsinn 2021. Thug Ceannard Phrògraman iomradh air ruigse na seanail an lùib Ghàidheil agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus gu nàiseanta a bha air tuiteam anns na cairtealan mu dheireadh. Bhathas an dùil gun tigeadh piseach air ruigse anns a' chairteal tha romhainn ri linn buaidh prògraman ùra a th' ann an clàr an fhoghair agus a' gheamhraidh. Chaighdhan sgrùdadadh a rinn am BBC air BBC ALBA a chomharrachadh gu h-àraig far an do mhol iad gu robh an t-seanail a' frithealadh an dà chuid luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus luchd-coimhid nàiseanta.

Thug an Stiùiriche Leasachaiddh iomradh air amasan adhartais mu choinneimh amasan leasachaiddh, eaconomach, càinain, sgilean agus fèin-chruthachaidh anns an robhas a' faicinn adhartais. Chaighdhan aon eisimpleir den adhartas a chomharrachadh leis an Deasaich Seanail, Comunn co-rioichdachaidh Eòrpach fon European Broadcasting Union (EBU) far an do chuir

BBC ALBA Stiùiriche ùr agus Leas-riochdaire ùr an sàs ann am prògram chloinne agus às an tig mòran phrògraman Eòrpach den aon seòrsa gu ruige BBC ALBA.

## **11 Maoineachadh BBC ALBA**

Chaidh bruidhinn mu mhodail mhaoineachaидh BBC ALBA agus prògraman Gàidhlig. Chaidh deasbad a chumail gu h-àraig air àrainneachd nan riochdairean agus miann na buidhne airson entrepeneurail san roinn sin.

Bha ceist shònraichte ann mu dè as urrainn do MG ALBA a dhèanamh a thaobh cothroman a chruthachadh no am brosnachadh ann an coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig làidir, leithid Uibhist. Chaidh aithneachadh gu robh pailteas thàlant sna coimhearsnachdan agus chaidh còmhradh a chumail mu dhiofar bheachdan mu ciamar a b' urrainn sin a leasachadh: am b' urrainn pasgan-obrach ioma-bhliadhna a chruthachadh a bhiodh freagarrach; am b' urrainn buidheann a stèidheachadh eadar MG ALBA/BnaG/Foghlam aig an Treas ìre airson coimhead air cothroman seasmhach don choimhearsnachd a bhiodh a' sàsachadh a' mhargaid; am b' urrainn an dreuchd ùr (Cluster Development Officer) a chaidh aontachadh le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) a chuir gu feum; agus am biodh e comasach do chompanaidhean riochdachaidh làthaireachd a chruthachadh sna coimhearsnachd.

## **12 Pasgain 2017**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh a dhol gu cuairt coimiseanaidh airson pasgain ùra airson 4 bliadhna a dh'fhaid. Chaidh na leasan aontachadh:

- Gun tèid sìneadh 9 mìosan a thoirt do Phasgain Ciùil & Thachartasan
- Gun tèid co-dhùnadh mu Phasgan Spòrs a chur air ais gus am bi fios mu chòraichean agus mu shuidheachadh riochdachaidh.

Chaidh aontachadh gum bu choir co-dhùnайдhean mu phasgan a bhith stèidhichte air slatan-tomhais follaiseach agus foilsichte ro-làimh. Dh'aontaich am bàrd gur e an slat-tomhais as cudromaiche inbhe nan tagraidhean mu choinneimh an luchd-amhairc. Bhiodh e riatanach a bhith ag obair mu choinneimh amas airson an luach phoblach as mothà a chruthachadh agus dheigheadh aithne a thoirt do shlatan-tomhais eile, leithid buaidh eaonamach fhads nach biodh iad a' toirt air falbh bhon phrìomh amas a bhith a' sàsachadh an luchd-coimhidh.

Dheigheadh an cuireadh gu tairgse a chuairteachadh air buill aig ìre dreach mus biodh iad air am foillseachadh agus thèid coinneamh a chuir air dòigh gus seo a dheasbad. (Action: DC/MAMI)

**13      Plana Obrachaidh MG ALBA 2017-18**

Bha geàrr-iomradh de bhuidseat MG ALBA air beulaibh bhall gus deasbad a bhrosnachadh mu bhuidseat 2017/18. Thèid am buidseat airson 2017/18 a dhealbhachadh an cois còmhraidhean leis a' BhBC ann an co-theacsa a' Chairt Rìoghail. Bidh dreachd Plana-obrachaidh 2017/18 air beulaibh a' bhùird aig an ath choinneamh (Gníomh: DC)

**14      Poileasaidhean airson aonta a' Bhùird**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta airson Riaghailtean Ionmhasail na buidhne Agus Poileasaidh Dion Chloinne agus Inbhich So-leònte. Chaith iad seo aontachadh.

**15      Cùmhnantan airson aonta a' Bùird (seachad air £100k san uair)**

Bha moladh mu choinneimh a' Bhùird, fo riaghait C.5.2 de Riaghailtean Ionmhasail MG ALBA, a' sireadh aonta airson prògram Cèilidh na Bliadhna Ùire, far am biodh a' chosgais nas àirde na £100k gach uair. Tha seo air nochdadh air beulaibh Bòrd na Co-bhanntachd cheana.

Tha dùil gum bi am buidseat eadar [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta], a-rèir càite am bi e agus an structar editorial, le 1.75 uair craolaidh a' tighinn às. Tha sin a' toirt cosgais gach uair de [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta].

Thèid dearbhadh fhaighinn bhon chompanaidh riochdachaidd air cosgaisean ann an da-rìribh. An dèidh sin, thèid pàipear a chuir gu Bòrd na Co-bhanntachd agus fios a-mach chun bhùird airson aonta. (Gníomh: DC)

**16      Measadh Chunnartan**

Bha clàr nan cunnartan agus pàipear fiosrachaidd air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Chaith aire nam ball a tharraing gu na cunnartan a bha mi-chinnt mu chòraichean agus riochdachadh spòrs ag adhbharachadh agus chaidh deasbad a chumail. Thuirt an Ceannard Phrògraman gu robh e dòchasach mu chòraichean ball-coise agus camanachd agus chaidh aontachadh gun deigheadh còmhraidhean a chumail mus fhàgadh an Ceannard Phrògraman a dhreuchd gus aonta ann am prionnsabal a ruighinn le na comainn spors.

Chaidh aithneachadh cuideachd gu robh cothroman ann a bhith a' co-roinn ro-innleachd spòrs le BBC Scotland agus dheigheadh còmhraidhean a chumail leis a' BhBC.

**17 Aithisgean air dèanadas – Q1 2016/17**

Chaidh na h-aithisgean a chomharrachadh.

**19 GISBE**

Thug an Cathraiche taing don Cheannard Phrògraman, a bha air gabhail ri tairgse obair ùir mar Ardstiurthoir TG4 a ghabhail thairis. Chomharraich i an obair ionmholta a rinn e sna h-ochd bliadhna mu dheireadh agus bhathas a' guidhe gach maith dha. Thuit an Ceannard Phrògraman gu robh e air còrdadh ris gu mòr a bhith ag obair le MG ALBA agus BBC ALBA agus chomhairlich e gu làidir a bhith a' dèanamh ar dìcheall a bhith a' sàsachadh an dà chuid luchd-coimhid na Gàidhlig agus an luchd-coimhid nàiseanta, an ro-innleachd 'twin pole'.

Chaidh aontachadh ri sin.

Chaidh taing a nochdadh chun sgioba airson ro-shealladh cho math a dhèanamh air prògraman Uibhist an oidhche roimhe.

Chaidh innse gum bi Tony Hall a' tadhail air oifisean a' BhBC ann an Steòrnabhagh air 30/9/16 agus bidh cothrom coinneachaidh ann airson MG ALBAs.

Tachartasan – bidh cuirm ann an Holyrood airson BBC ALBA, air a chuir air dòigh le Katie Fhorbais BPA agus MG ALBA air 21/9/16 agus bidh cuirm a' Mhòid air 19/10/16 far am bi John Swinney BPA an làthair